


Sruth na Maoile



A' cumail smachd air dà rìoghachd

Bha an aon teaghlach, a thàinig bho Fhearghas Mòr mac Eirc, a' riaghladh **fearann** air dà thaobh Sruth na Maoile gus an t-7mh no an 8mh linn.

Bha trì 'cenela' no cinnidhean, le triùir bhràithrean ann, aig an robh **crìochan** eadar-dhealaichte - Fearghas Mòr (ris an canar Mac Nisse Mòr uaireannan), Loarn agus Aonghas. B' iad mic Eirc, Rìgh Dhalriata. Bha rìgh agus **fearann** aig gach **cinneadh** agus chùm iad **smachd** air a' phàirt aca de dh'Alba gu às dèidh 800.

Ach dh'fhàs e na bu duilghe do rìghrean Dhalriata **smachd** a chumail ann an Ulaidh.